



argyll and bute
communityplanningpartnership



**Com-pàirteachas
Planaidh
Coimhearsnachd
Earra-Ghàidheal
is Bhòid**



**Aithisg Bhliadhnail
2015 - 2016**

**Aonta Bhuilean Singilte
(2013 - 2023)**

*Tha soirbheachadh eaconamach Earra-Ghàidheal is Bhòid
stèidhichte air fàs ann an àireamh an t-sluaigh*

Clàr-innse

Ro-ràdh	duilleag 2
Planadh Coimhearsnachd ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid	duilleag 3
Àrd-amas: Tha soirbheachadh eaconamach Earra-Ghàidheal is Bhòid stèidhichte air fàs ann an àireamh an t-sluaigh	duilleag 4
Buil 1 Tha an eaconamaidh ioma-thaobhach is soirbheachail	duilleag 5
Buil 2 Tha bun-structair againn a bheir taic do dh'fhàs a mhaireas	duilleag 7
Buil 3 Tha foghlam, sgilean is trèanadh a' toirt a' chothruim as fheàrr don a h-uile duine	duilleag 11
Buil 4 Tha clann is òigridh a' faighinn nan cothroman as fheàrr tràth nam beatha	duilleag 15
Buil 5 Tha beatha èasgaidh, fhallain is neo-eisimeileach aig daoine	duilleag 17
Buil 6 Tha daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan nas sàbhailte is nas làidire	duilleag 21
Obair Chasgaidh	duilleag 25
Buidhnean Com-pàirteach ann an CPC Earra-Ghàidheal is Bhòid	duilleag 26

Cruthan eile

Nam bu toigh leibh lethbhreac den sgrìobhainn seo fhaotainn ann an cànan no cruth eile, no ma tha seirbheisean eadar-theangair a dhìth oirbh, cuiribh fios gu Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid air 01546 604464 no post-d cppadmin@argyll-bute.gov.uk



Ro-ràdh

Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh Aithisg Bhliadhnaile Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid airson 2015/16 a chur fo ur comhair. 'S e abairt a chluinnear gu tric ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid, gu bheil sinn fìor mhath air a bhith ag obair còmhla – agus chì sibh dearbhadh air sin ann an aithisg na bliadhna-sa, le iomadh eisimpleir de mar a tha obair chom-pàirteach a' dèanamh diofar agus a' toirt bhuannachdan don a h-uile duine sna coimhearsnachdan againn.

Carson a tha obair chom-pàirteach cho cudromach? Tha sinn beò aig àm far a bheil iomadach dùbhlain romhainn; tha aig a h-uile duine ri dèiligeadh ri nas lugha de dh'ionmhas agus goireasan, co-dhiù a tha iad an sàs san roinn phoblach, san roinn phrìobhaidich no san roinn shaor-thoilich. Aig an aon àm, tha sinn uile ag atharrachadh nan dòighean-obrach againn agus a' fàs cleachdte ris mar a tha na coimhearsnachdan againn a' miannachadh nithean eadar-dhealaichte, agus tha sinn uile ag iarraidh barrachd com-pàirt a ghabhail ann an cùisean, agus gun gabhar barrachd ealla ris na beachdan againn a thaobh ar beatha, ar n-obrach agus nan cur-seachadan againn. 'S e an dòigh as fheàrr dèiligeadh ris an dà dhùbhlain sin, gun obraich sinn agus gun tig sinn còmhla; co-dhiù a nì sinn sin a thaobh ghoireasan, daoine, dòighean-obrach no beachdan.

Sin carson a tha obair chom-pàirteach bhrioghmhor is buadh-mhor eadar buidhnean poblach, gnothachasan agus buidhnean coimhearsnachd cho cudromach – far a bheil iad ag obair air amasan is builean coitcheann gus nas urrainn dhaibh de bhuannachdan a thoirt do dhaoine a tha fuireach sna coimhearsnachdan againn. Tha eachdraidh fìor mhath againn ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid a thaobh seo, agus tha sinn a' dol bho neart gu neart. Gu dearbh, dh'fhaoite a ràdh gu bheil sinn, tro bhith ag obair còmhla, ag atharrachadh ar dòighean gus aghaidh a chur ris na dùbhlain agus tha sinn a' faighinn fuasgladh orra.

Nuair a thig e gu obair chom-pàirteach, tha an dà chuid conaltradh agus gnìomhan cudromach. Cluinnidh sibh tòrr de na Buidhnean Com-pàirteach ann an CPC Earra-Ghàidheal is Bhòid ag ràdh gu bheil e cudromach a bhith 'dèanamh aithris air cho math 's a tha Earra-Ghàidheal is Bhòid'. Tha sin cudromach don àrd-amas choitcheann againn agus tha e fìor chudromach don amas san Aonta Bhuilean Shingilte againn: a' tàladh barrachd dhaoine gu bhith a' fuireach, ag obair, a' tadhal air, a' cur airgead an seilbh, ag ionnsachadh, agus gu bhith ri cur-seachadan agus ri gnothachas ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid.

'S e ceann-uidhe làirsinneach a th' ann, ach tha e a' dol gu math le ar n-amasan airson Earra-Ghàidheal is Bhòid, agus chan e ceann-uidhe a th' ann as urrainn do dh'aon bhuidheann a choileanadh leotha fhèin. Ma thathar a' dol a shoirbheachadh leis, feumaidh sinn obair còmhla gus fuasgladh fhaighinn air na dùbhlain agus gus sealltainn do dhaoine gu bheil tòrr chothroman rim faotainn ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid. Ma tha sibh a' leughadh seo, tha mi cinnteach gum bi sibh a' miannachadh gu mòr gun soirbhich le Earra-Ghàidheal is Bhòid – agus leis a' choimhearsnachd agaibh fhèin – agus gun tig iad am feabhas, agus bhrosnachadh sibh gu bhith smaoineachadh air na dòighean san urrainn dhuibh an sgìre ionadail agaibh a chur air adhart am measg dhaoine eile agus sibh ag innse dhaibh mu na neartan is cothroman a th' ann. Sin aon dòigh san urrainn dhuinn uile diofar fìor mhòr a dhèanamh.

A thaobh gnìomhan, air na duilleagan a leanas chì sibh iomadh eisimpleir den adhartas agus den t-soirbheachadh a tha rim faicinn sna coimhearsnachdan againn mar thoradh air obair chom-pàirteach sa bhliadhna a dh'fhalbh. Thugadh taic seachad airson 150 obair agus cha mhòr 120 gnothachas a thòiseachadh agus rinn gnothachasan ionadail malairt eadar-nàiseanta luach £27m; tha ceudan de thaighean ùra gan togail no air fàire agus chaidh ùrachadh nach beag a dhèanamh, agus




*leis a' Chomhairliche
Dick Walsh, Ceannard Comhairle
Earra-Ghàidheal is Bhòid*

tuilleadh ùrachaidh ga dhèanamh, nar bailtean nas motha. Chaidh obair chom-pàirteach le daoine ionadail a thoirt gu ìre nas àirde buileach, agus thugadh barrachd cumhachd do ar coimhearsnachdan tro sgeamaichean 'charrette' sna h-eileanan agus ann an sgìrean dùthchail; bha aon de na h-iomairtean as soirbheachaile san dùthaich gu lèir againn gus dachaigh ùr a thoirt do dh'fhògarraich agus daoine ionadail ag obair còmhla rinn air sin; agus chaidh pròiseact cumhachd ath-nuadhachail luach grunn mhilleanan de notaichean a thoirt air adhart às an tàinig obraichean, agus a thug togail don eaconamaidh agus, gu deatamach, do mhisneachd na sgìre.

Agus 's fheàrr leam crìochnachadh leis an fhacal misneachd. Tha cothroman gun àireamh ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid agus tha sinn air dearbhadh iomadach uair cho math 's a tha sinn air a bhith ag obair còmhla gus togail air na cothroman sin agus an toirt gu buil. A dh'aindeoin nan dùbhlain, feumaidh sinn a bhith misneachail mu Earra-Ghàidheal is Bhòid, gun soirbhich leatha agus gun tig i am feabhas gu beothail ri linn ar co-obrachaidh.

Planadh Coimhearsnachd ann an Earra-Ghàidheal is Bòd



COMMUNITIES IN ARGYLL AND BUTE

- Buil 1** Tha an eaconamaidh ioma-thaobhach is soirbheachail
- Buil 2** Tha bun-structair againn a bheir taic do dh'fhàs a mhaireas
- Buil 3** Tha foghlam, sgilean is trèanadh a' toirt a' chothruim as fheàrr don a h-uile duine
- Buil 4** Tha clann is òigridh a' faighinn nan cothroman as fheàrr tràth nam beatha
- Buil 5** Tha beatha èasgaidh, fhallain is neo-eisimeileach aig daoine
- Buil 6** Tha daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan nas sàbhailte is nas làidire

Àrd-amas:



Tha soirbheachadh eaconamach Earra-Ghàidheal is Bhòid stèidhichte air fàs ann an àireamh an t-sluaigh

'S e as motha as adhbhar do Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid gun tèid stad a chur air crìonadh ann an àireamh an t-sluaigh agus tha an CPC ag obair còmhla gus grunn bhùilean a choileanadh gus am bi daoine ag iarraidh a bhith a' fuireach, ag obair, a' tadhal air, agus a bhith ri gnothachas ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

Ged a tha na figearan airson àireamh an t-sluaigh bho Chlàran Nàiseanta na h-Alba a' sealltainn gun do thuit àireamh an t-sluaigh gu lèir ann an 2015, b' e am figear airson na h-àireimh iomlan de dhaoine a rinn imrich -23, tha sin suas bho -233 ann an 2014. Tha sin a' ciallachadh gun do dh'fhalbh 23 daoine a bharrachd à Earra-Ghàidheal is Bòd na thàinig a-steach agus thathar an dòchas gu bheil sin na chomharra air an obair bhrosnachail a tha buidhnean a' dèanamh gus dèiligeadh ri crìonadh ann an àireamh an t-sluaigh.

Mar a thug an CPC taic do dh'fhògarraich ann an Eilean Bhòid


B' e a' Chomhairle aon de na ciad ùghdarrasan ionadail ann an Alba a thuit san t-Sultain an-uiridh gun robh iad deònach pàirt a ghabhail san Sgeama airson Dachaigh Ùr a thoirt do Dhaoine à Siria a bha Feumach air Dìon, gus dèiligeadh ri cruaidh chàs nam fògarraich. Chaidh 15 teaghlaichean a chomharrachadh a bha fuireach ann an dùthchannan faisg air Siria le Oifis na Dùthcha mar phàirt den sgeama VPR airson tighinn a dh'Earra-Ghàidheal is Bòd. Thàinig a' chiad 10 teaghlaichean a dh'Eilean Bhòid air 3 Dùbhlachd agus bhiosa-tèarmainn 5-bliadhna aca agus thàinig 5 teaghlaichean eile don eilean air 15 Gearran 2016.

Bha grunn luchd-compàirt ann am Buidheann Ath-thuineachadh nam Fògarraich, nam measg bha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (taigheadas, foghlam, ionnsachadh do dh'inbhich, slàinte is obair shòisealta, sochairean, Fosglan Gnothachais, conaltradh), ACHA, Fyne Homes, Poileas Alba, Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, Roinn na h-Obrach is Pheinnseanan, Ionad-comhairle Bhòid, Carr Gomm agus TSI Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Fhuair 58 fògarraich dachaigh ùr ann an Eilean Bhòid, agus tha an àireamh sin air a dhol suas gu 59 agus dùil ann ri tuilleadh leanabhan ùra sna beagan mhìosan air thoiseach. Tha teaghlaichean a' faighinn taic le bhith ag ionnsachadh Beurla feuch gun tèid aca air obair fhaighinn, gnothachas a stèidheachadh no gun urrainn dhaibh cumail orra le an cuid foghlaim.

Tha neach-taice aig gach teaghlach, agus air sàillibh mar a thathar a' toirt fiosrachadh do na buidhnean com-pàirteach a tha ag obair gu làitheil leis na teaghlaichean, tha e a' ciallachadh gun tèid sùil a thoirt air an taic a tha dhìth orra gu cunbhalach agus gun tèid an taic sin atharrachadh nuair a bhios feum air.

Tha ceanglaichean làidir aig an CPC leis na buidhnean com-pàirteach uile ann am Buidheann Ath-thuineachadh nam Fògarraich agus cumaidh sinn oirnn a' togail air na ceanglaichean sin.



Am measg nam pròiseactan a bh' ann bha...

Pàirc Gnòthachais na h-Oitire

Pròiseactan coilltearachd annan Earra-Ghàidheal a fhuair £1.5 millean

Obair a' tòiseachadh air obair leasachaidh luach £27m air an Ionad Thuathana-san-gaoithe aig CS ann am Machaire Shanais



Prìomh Chomharran Soirbheachaidh

- àrdachadh de £26.9m ann an toradh ionmhasail nan gnòthachasan a fhuair taic
- àrdachadh de £22.5m anns na chaidh a reic gu h-eadar-nàiseanta
- fhuair 152.5 obraichean (Ionann ri Làn-thìde, ILT) taic (air an cruthachadh/air an gleidheadh)
- 6 coimhearsnachdan a fhuair cuideachadh bho oifigearan-taice gus barrachd bhuanachdan a thoirt do na coimhearsnachdan
- thugadh taic do 116 gnòthachasan ùra gus tòiseachadh

Pàirc Gnòthachais na h-Oitire

San Dàmhair 2015 chaidh crìoch a chur air togalach ùr aig Pàirc Gnòthachais na h-Oitire faisg air Dùn Omhain. Fhuaras £2m de thaic bho Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE) airson an togalaich, sa bheil farsaingeachd de 724 meatairean ceàrnagach, agus thàinig pàirt den taic sin, £786,000, bho Mhaoin Leasachaidh Roinnean na h-Eòrpa (MLRE). Tha e a' toirt àite sùbailte do chompanaidhean a tha ag iarraidh airgead a chur an seilbh san sgìre no gnòthachasan ionadail agus tha e gu sònraichte freagarrach do chompanaidhean TF, ionmhais no a tha an sàs ann an seirbheisean gnòthachais agus a tha dol am meud. Tha pàirt den togalach cuideachd freagarrach airson obair-dèanaimh aotrom. Gabhaibh an togalach suas gu 46 luchd-obrach agus gabhaidh feum a dhèanamh dheth mar chòig aonadan fa leth no àireamh nas lugha de dh'aonadan nas motha. 'S i a' phàirc gnìomhachais is gnòthachais aig an Oitir am prìomh làrach coimeirsealta ann an Comhghall taobh a-muigh meadhan baile Dhùn Omhain. Chaidh airgead a chosg air an làrach thairis air grunn bhliadhnaichean gus sàr chothroman eaconamach a chruthachadh san sgìre.

Thuir Jennifer Nicoll, Manaidsear na Sgìre aig IGE airson Earra-Ghàidheal is Bhòid: "Tha Dùn Omhain air aon de na prìomh bhailtean ann an Earra-Ghàidheal agus tha mar a shoirbhicheas do dh'eaconamaidh a' bhaile fìor chudromach do sgìre Chomhghaill san fharsaingeachd. Tha cothrom sgoinneil ann ri linn cho faisg 's a tha am baile air meadhan na h-Alba."

Ma thathar a' dol a ghabhail brath air a' chothrom sin, tha e riatanach gum bi togalaichean le goireasan didseatach ann, stèidhichte ann an àiteachan freagarrach is goireasach agus a tha rim faotainn air prìs reusanta.

Gus cur ri ar n-eaconamaidh, tha e riatanach gun tèid cothroman a chruthachadh do ghnothachasan a leigas leotha a bhith ag obair ann an Earra-Ghàidheal.

Fhuair pròiseactan coilltearachd ann an Earra-Ghàidheal a fhuair £1.5 millean

Tron Sgeama Fearann Coille Nàiseanta, thug Stòras Fearainn na h-Alba £750,000 do Leasachadh Ceann Iar-dheas Mhuile is Idhe Earranta gus coille Thìr Odhrain ann am Muile a cheannach agus £750,000 do Chompanaidh Coille Coimhearsnachd Chill Fhìonain gus an còrr de Choille Achadh a' Chrosain Uraich faisg air Taigh na Bruthaich a chur fo shealbh na coimhearsnachd.

Tha Leasachadh Ceann Iar-dheas Mhuile is Idhe Earranta a' dol a leasachadh agus a' dol a chumail rian air coille Thìr Odhrain gus barrachd chothroman obrach a chruthachadh, agus gus barrachd chothroman a chruthachadh airson chur-seachadan agus co-cheangailte ri foghlam san sgìre ionadail. Tha planaichean aig Companaidh Coille Coimhearsnachd Chill Fhìonain gus a' choimhearsnachd ann an Cill Fhìonain a neartachadh tro obraichean, taigheadas aig prìs reusanta, cur-seachadan agus tro chothroman foghlaim.

Tha £9 millean ann an Stòras Fearainn na h-Alba gus coimhearsnachdan ann an sgìrean dùthchail na h-Alba a chuideachadh thairis air ceithir bliadhna gus fearann ionadail a cheannach, a leasachadh agus a stiùireadh. Tha am prògram air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus thathar ga libhrigeadh ann an co-bhuinn ri Maoin Mhòr a' Chrannchuir agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus tha eòlas farsaing aig an dà bhuidhinn sin, a choisinn iad thairis air còrr is 10 bliadhna, air a bhith cuideachadh choimhearsnachdan gus fearann is goireasan a cheannach is a leasachadh dhaibh fhèin.

Cha ghabh an eaconamaidh a leudachadh dìreach leis na buidhnean reachdail, feumaidh sinn cumail oirnn ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan gus an urrainn dhaibh cur ris an eaconamaidh ionadail aca fhèin.

Obair a' tòiseachadh air obair leasachaidh luach £27m air an Ionad Thuathanasan-gaoithe aig CS ann am Machaire Shanais

Tha an t-Ionad san Rìoghachd Aonaichte aig CS Wind ann an Ceann Loch Chille Chiarain, a cheannaich Corporaid CS Wind à Coria a Deas sa Mhàrt 2016, a' toirt cosnadh do 175 neach. Tha e san amharc aca £27m a chosg air an ionad gus 160 obair ùr a chruthachadh.

Tha IGE air a bhith cur airgead an seilbh factaraidh nan crann-gaoithe ann am Machaire Shanais bho 2001. Bho 2011, bha SSE a' ruith an ionaid, le taic-airgid bho IGE, mar aon de na prìomh ionadan-dèanamh a bha a' dèanamh uidheamachd airson gnìomhachas a' chumhachd ath-nuadhachail san RA agus mar làrach a bhathar an dùil a thàlaidheadh companaidh mòr a bhiodh deònach airgead a chosg air an ionad.

Thuir Charlotte Wright, Stiùiriche IGE airson fàs le gnòthachasan agus roinnean gnìomhachais: “Tha sinn a' cur fàilte mhòr air na planaichean seo airson leudachadh cho mòr ann an sgìre dhùthchail agus tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith cumail oirnn ag obair còmhla ri CS Wind UK, agus ri bhith beachdachadh air mar as urrainn dhuinn taic a chumail ris na planaichean aca airson an t-ionad a leudachadh.”

Tha CS Wind a' dol a thoirt leudachadh air na tha ga dèanamh an-dràsta aig factaraidh nan crann-gaoithe agus ri linn sin gabhaidh cruinn nas motha a dhèanamh airson tuathan-gaoithe mara.

Thuir Mgr Young-Jae Ryu, Àrd-mhanaidsear airson CS Wind UK: “Tha mar a tha CS Wind UK deònach airgead a chosg an seo na chomharra soilleir gu bheil sinn den bheachd gu bheil àite cudromach aig luchd-dèanamh is luchd-solair san RA ann a bhith togail thuathan-gaoithe mara, agus ann a bhith gleidheadh obraichean agus ann a bhith togail eaconamaidhean ionadail a bhios làidir san ùine-fhada.”

Am measg nam pròiseactan a bh' ann bha...

Airgead as ùr do Bhaile Eilidh

Carbadan-dealain

Stòrasan is goireasan do bhuidhnean eile agus ag ath-nuadhachadh thogalaichean cudromach ann an Ceann Loch Chille Chiarain

Prìomh Chomharran Soirbheachaidh

- 59 taighean ùra airson prìs no màl reusanta air an togail san roinn shòisealta
- 97.4% de dh'iarrtasan-dealbhachaidh a' faighinn aonta
- 658 taighean ùra a' faighinn cead-dealbhachaidh
- Chuidich sinn le bhith cur air dòigh modh-obrach com-pàirteach (Frèam Lìbhrigidh is Leasachaidh Ro-innleachdail airson Ionad Cabhlach na Banrigh) leis a' Chabhlach Rìoghail, Ministear-achd an Dìon agus luchd-compàirt ann am Planadh Coimhearsnachd gus Ionad Cabhlach na Banrigh, Cluaidh a ruith mar Ionad Bhàtaichean-aigeil a' Chabhlaich Rìoghail
- Dh'obraich sinn ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan agus Riaghaltas na h-Alba gus Charrettes a lìbhrigeadh ann am Baile Bhòid, Tiriodh agus ann an coimhearsnachdan ri taobh Canàl a' Chrìonain
- Chaidh an làrach-lìn eadar-ghnìomhach aig a' Chomhairle, "Where to Go Outdoors", a chur air bhog gus turasachd a bhrosnachadh



Pròiseactan / Toraidhean:

- Taigheadas ùr air a chomharrachadh agus cead ro-innleachdail gus togail ann am pàirtean de Raointean Uaine – chaidh còrr is 750 dachaigh ùr a chomharrachadh sa Phlana Leasachaidh Ionadail airson 2015.
- A' Chiad Leasachadh air Meadhan a' Bhaile – Chosg a' Chomhairle £9m air Ionad Poblach ùr far a bheil 180 neach-obrach a-nis stèidhichte a b' àbhaist a bhith stèidhichte air làraich eile. Thathar a' reic nan làrach eile a-nis airson cothroman ùra a thoirt do dhaoine. Cuideachd, le bhith cruthachadh Ionad Poblach, chaidh togalach clàraichte a bha falamh a ghleidheadh airson an ama ri teachd.
- £7m air a chosg air Leasachaidhean air Raon Poblach Meadhan a' Bhaile - a' gabhail a-steach ceàrnag a' bhaile ùr, cabhsairean nas leithne, taigh-tasgaidh a-muigh agus leasachadh àilean a' bhaile. Chaidh 2 Dhuais Nàiseanta a ghleidheadh leis na leasachaidhean seo ann an 2016, a' gabhail a-steach Duais Iomlan RIAS agus Duais Dhealbhadh Albannach.
- Chaidh 4 Iarrtasan Mòra a dhèanamh airson taigheadais ri linn Taigheadais Ùir a chaidh a Chomharrachadh sa Phlana Leasachaidh Ionadail.
- Tha a' Chomhairle ag obair ann an com-pàirteachas le Ministearachd an Dìon air Frèam Lìbhrigidh agus Leasachaidh Ro-innleachdail gus Ionad Cabhlach na Banrigh, Cluaidh a leudachadh.
- Àrd-sgoil is Mòr-bhùth ùr air taobh sear a' bhaile.
- Chaidh tabhartasan planaidh bho luchd-iarrtais a chosg gus meadhan a' bhaile a dhèanamh nas tarraingiche.
- Chaidh taigheadas ùr airson prìs no màl reusanta a thogail air làrach na seann àrd-sgoile.
- Chaidh Làn-phlana airson Cidhe Bhaile Eilidh a ghabhail os làimh agus chaidh £5m a chur mu choinneimh a bhith togail amar-snàmh ùr agus leasachadh a bhios air a chur gu dìofar fheum am Meadhan a' Bhaile.
- Shoirbhich leinn ann a bhith gleidheadh còrr is £2m bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir gus an t-àite eachdraidheil Pàirc na Dòrrmanachd a dhèanamh suas as ùr.

Tha na pròiseactan seo uile a' cur ris cho tarraingeach 's a tha sgìre Bhaile Eilidh agus mar a tha e na àite far a bheil daoine airson a bhith a' fuireach, ag obair, ag ionnsachadh agus air a bheil iad ag iarraidh tadhal.

Airgead as ùr do Bhaile Eilidh

'S e Baile Eilidh am baile as motha a th' ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus tha e suidhichte air bruthach a tuath abhainn Chluaidh. 'S e baile tarraingeach a th' ann le sàr àrainneachd agus chan eil e a' toirt fada siubhal bhon bhaile a Ghlaschu no gu sgìre bhrèagha Loch Laomainn. Cuideachd, tha cothroman cosnaidh matha ann ri linn Ionad Cabhlach na Banrigh, Cluaidh (Faslane) a tha gu bhith air a leudachadh le Ministearachd an Dìon.

Cha deach mòran thaighean ùra a thogail thar nam 20 bliadhna a dh'fhalbh agus tha grunn adhbharan air a bhith ann airson sin, leithid cion làraich airson togail, cuingeala-chaidhean air togail ri linn "raointean uaine" agus Sgìre Glèidhteachais far nach gabh mòran a bharrachd thaighean a thogail. Sna 5 bliadhna a dh'fhalbh tha a' Chomhairle agus an luchd-compàirt aca air airgead a chosg ann am Baile Eilidh gus am baile a dhèanamh nas tarraingiche agus gus fàs a bhrosnachadh. Tha tòrr de na pròiseactan a-nis deiseil agus tha feadhainn de na toraidhean a thàinig asta air duaisean nàiseanta a ghleidheadh.

Carbadan-dealain

Fhuair an Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd £40,000 ann an 2015-16 bhon iomairt Carbadan le Cumhachd tro Chòmhdhail Alba airson charbadan-dealain. Chaidh buidheann-obrach le diofar bhuidhnean a chur air chois agus dh'obraich iad còmhla air feadh na bliadhna gus coimhead air na roghainnean as fheàrr airson a bhith cosg an tabhartais, agus an uair sin dh'obraich iad gus taic a thoirt do Cholaiste Earra-Ghàidheal ann a bhith cleachdadh an tabhartais gus 3 carbadan-dealain fhaighinn air mhàl.

Bha draghan ann agus cha robh daoine cinnteach an gabhadh carbadan-dealain a chleachdadh ri linn cruth na tìre, droch shìde agus far an robh na h-uidheaman-cumhachd stèidhichte, ach chaidh airgead a chosg air bun-structar nan uidheaman-cumhachd agus chaidh grunn luath-uidheaman-cumhachd a chur air dòigh agus mar thoradh air sin tha grunn uidheaman-cumhachd stèidhichte air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Chaidh feum a dhèanamh den eòlas a bh' aig roinnean charbadan an luchd-chompàirt gus taic a thoirt do Cholaiste Earra-Ghàidheal ann a bhith faighinn charbadan-dealain air mhàl, agus ri linn mar a chaidh airgead a chosg air bun-structair 's urrainnear feum a dhèanamh de charbadan-dealain san sgìre againn.



A' toirt seachad stòrasan is goireasan do bhuidhnean eile agus ag ath-nuadhachadh thogalaichean cudromach ann an Ceann Loch Chille Chiarain

Thuir Alba Aosmhor ann an 2009 mu dheidhinn Talla a' Bhaile ann an Ceann Loch Chille Chiarain gur e 'Aon de na taighean-baile as grinne ann an Alba a bh' ann', ach chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid gun robhar a' dol a stad a chleachdadh an talla. Bha pàirt gu math cudromach aig an sgioba aig Iomairt Dualchas Àrainneachd nam Bailtean (IBAB) ann a bhith lorg dòigh ùr san gabhadh an togalach a chleachdadh, agus ri linn nan oidhirpean aca chaidh an togalach a chur fo shealbh Urras Leasachaidh Ceann a Deas Chinn Tìre (ULCDCT) agus chaidh sgeama a chur an sàs airson càradh is ùrachadh iomlan a dhèanamh air an togalach.

Dh'obraich Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an co-bhuinn ri ULCDCT gus am pròiseact a dhealbhadh is a thoirt gu buil agus thug iad seachad maoinachadh THI luach £387,000 agus maoinachadh CHORD luach £330,000 mu choinneimh nan cosgaisean luach £2m, cuideachd thug iad comhairle is stiùireadh seachad airson a' phròiseict.

Am measg na h-obrach a rinneadh leis a' mhaoineachadh THI bha: mullach ùr, obair-luaidhe, obair-chloiche, ùrachadh air na h-uinneagan, chaidh peant meangach a thoirt dheth agus chaidh peant mèinnearach a chur air.

A thuilleadh air a' mhaoineachadh THI is CHORD bhon Chomhairle, dh'obraich Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid còmhla ri ULCDCT gus cha mhòr £1m a ghleidheadh bho Mhaoin Mhòr a' Chrannchuir agus £224,800 bho Àrainneachd Eachdraidheil Alba.

Chaidh an togalach fhosgladh as ùr mar ionad ioma-ghoireasach a tha aig teis-meadhan grunn thachartasan is ghnìomhan coimhearsnachd. Faodaidh neach sam bith feum a dhèanamh den togalach a-nis agus tha fèill mhòr air a bhith air mar àite airson bhainsean is tachartasan eile.

Tha an t-ùrachadh a rinneadh air Talla Baile Cheann Loch Chille Chiarain na eisimpleir fìor mhath de na buidhnean reachdail a bhith ag obair còmhla ris a' choimhearsnachd gus buannachdan eaconamach is sòisealta a chruthachadh ann an sgìre Cheann Loch Chille Chiarain.



Am measg nam pròiseactan a bh' ann bha...

Ag obair ann an com-pàirt gus taic a thoirt do chloinn is òigridh bho theaghlaichean ann an sgìre Bhaile Eilidh is Laomainn le pàrant(an) sna feachdan armaichte

Measadh air Ìrean Compàirteachaidh Bliadhnail airson daoine aois 16-19 ann an Alba

Prìomh Chomharran Soirbheachaidh

- 47 cùrsaichean sgilean airson Obraichean air an tabhann le sgoiltean/ luchd-compàirt
- Chaidh Coinneamhan airson Planadh a' Churraicealaim a chumail le Colaiste Earra-Ghàidheal OGE agus leis gach àrd-sgoil
- Tha plana-slighe aig 100% den chloinn a tha ann an cùram
- 510 greisean gnìomhachais airson sgoilearan ÀS4 gu ÀS6
- 16 prògraman trèanaidh air an cur air dòigh airson na margaidh-obrach ionadail
- 10 sgoiltean a' toirt cuideachadh don choimhearsnachd mar phàirt den phrògram-ionnsachaidh aca
- 55 daoine òga a' gabhail pàirt ann am fòraman òigridh
- 61 daoine òga a' frithealadh air Trèanadh Com-pàirteach
- 93.1% de dh'òigridh ann an ÀS4, ÀS5 agus ÀS6 a' gluasad air adhart às dèidh dhaibh an sgoil fhàgail gu ruige cinn-uidhe ghealltanach is leantainneach.





Ag obair ann an com-pàirt gus taic a thoirt do chloinn is òigridh bho theaghlaichean ann an sgìre Bhaile Eilidh is Laomainn le pàrant(an) sna feachdan armaichte

Sna sgoiltean ann an sgìre Bhaile Eilidh is Laomainn tha mu 800 duine cloinne ann bho theaghlaichean le pàrant(an) sna Feachdan Armaichte. Bidh a' chlann is òigridh sin gu tric às aonais pàrant nuair a tha na pàrantan sin a' dèanamh seirbheis air falbh bhon taigh, agus uaireannan cha bhi dòigh ann conaltradh a dhèanamh leotha agus cha bhithear a' leigeil fhaicinn càit a bheil am bàta-aigeil air a dhol. Dh'fhaodadh gum bi aig a' chloinn is òigridh seo ri gluasad gu sgoiltean ùra gu tric, agus gu sgìrean eile cuideachd.

Tha grunn iomairtean ann a-nis ann an sgìre Bhaile Eilidh is Laomainn gus taic a thoirt do theaghlaichean, nam measg tha:

- Leasachadh air Sgilean Matamataig – prògram far am faighear cuideachadh tràth gus uireasbhaidh sam bith a dh'èirich ann am foghlam na cloinne a chomharrachadh seach gun do ghluais iad bho sgoil gu sgoil.
- Comhairliche Sgoilearan airson nam Feachdan Armaichte – co-chonaltradh eadar coimhearsnachd nam Feachdan Armaichte, an Cabhlach Rìoghail agus na seirbheisean Foghlaim ann an sgìre Bhaile Eilidh agus Laomainn mar mheadhan gus taic a thoirt do sheòladairean air na bàtaichean-aigeil agus na teaghlaichean aca nuair a ghluaiseas iad don sgìre.
- Ràithean Fàis – prògram foghlaim airson sgilean-beatha a tha ag ionnsachadh sgilean do chloinn is òigridh a chuidicheas iad le bhith dèiligeadh ri atharraichean, bàs agus bròn nam beatha. Chaidh seo a lìbhrigeadh ann an co-bhuinn ri Sgioba Seirbheisean Òigridh na Comhairle, an Comhairliche Sgoilearan airson nam Feachdan Armaichte agus Sgioba Math Dhaoine Saighdearan-mara Rìoghail a' Chabhlaich Rìoghail, agus fhuair 60 duine cloinne taic bhon phrògram an àite 24 mar a thachair bliadhnaichean eile.
- Chaidh coimhearsnachd de luchd-oideachaidh proifeiseanta a stèidheachadh le luchd-teagaisg bho bhun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus bhon treas roinn.
- Gaisgich Club Cloinne an Airm – air a ruith le pàrantan bho na Feachdan Armaichte ann an dà sgoil airson clann le pàrantan sna Feachdan Armaichte far am faod iad tighinn còmhla agus taic a thoirt do chàch a chèile.
- A' cruthachadh Pròiseact Leabhraichean-sgeulachd gus leabhraichean is goireasan a thoirt do chloinn is òigridh mar thaic dhaibh airson na h-ùine nuair a bhios am pàrant aca air falbh.
- Pròiseact fhilmichean aig Acadamaidh na Dòrramanachd gus aire dhaoine a tharraing gu co ris a tha beatha pàiste no duine òg coltach a tha fuireach ann an sgìre Bhaile Eilidh is Laomainn agus pàrant aca sna Feachdan Armaichte.

Tha obair chom-pàirteach deatamach gus dèanamh cinnteach gun tèid na h-iomairtean seo a thoirt air adhart agus gus dèanamh cinnteach à maith na cloinne is nan daoine òga le pàrantan sna Feachdan Armaichte agus gum faigh iad foghlam cunbhalach.

Measadh air Ìrean Compàirteachaidh Bliadhnaile airson daoine aois 16-19 ann an Alba

Thug Riaghaltas na h-Alba gealladh soilleir seachad ann an 2012 gum faigheadh a h-uile neach aois 16-19 ann an Alba - nach robh ann am foghlam, a' cosnadh no a' dèanamh trèanadh - cothrom ionnsachaidh no trèanaidh. Tha an gealladh, Cothroman don a h-Uile Duine (CdUD), airson dèanamh cinnteach gum faigh an òigridh uile taic le bhith faighinn cosnadh leantainneach.

Gus an gealladh sin a choileanadh, dh'iarr an Riaghaltas air na buidhnean a tha an sàs ann a bhith toirt taic do dh'òigridh am fiosrachadh a th' aca mu fheuman gach neach fa leth a roinn le càch feuch am biodh seata dàta coitcheann ann. Bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh am fiosrachadh a tha dhìth air gach buidheann aca, feuch gum b' urrainn dhaibh daoine òga a chuideachadh nuair a bha feum aca air taic.

Gus seata dàta coitcheann a stèidheachadh, tha e deatamach gun tèid fiosrachadh a cho-roinn gus an urrainn fios a bhith aig na buidhnean com-pàirteach air dè 'gu dearbh' tha na daoine òga a' dèanamh agus iad air an t-slighe 16-19. Tha e cuideachd a' leigeil le Leasachadh Sgilean na h-Alba agus an luchd-compàirt piseach a thoirt air an seirbheisean agus cothroman a chruthachadh a tha freagairt nas fheàrr air feuman gach neach fa leth, agus cuidichidh sin iad le bhith ag aithneachadh cuin a bu chòir dhaibh taic a thoirt don luchd-cleachdaidh aca.

- Gu nàiseanta, tha 90.4% de dhaoine aois 16-19 a' gabhail pàirt ann am foghlam, trèanadh no a' cosnadh gach bliadhna. Ann an Earra-Ghàidheal is Bòd 's e **94.2%** an àireamh.

Le bhith ag obair ann an com-pàirt, rinneadh cinnteach gun robh taghadh farsaing de chothroman ann do ar n-òigridh aois 16-19, agus tha mar a tha ìre com-pàirteachaidh nas àirde na gheibhear sa chumantas againn a' sealltainn gu bheil na cothroman sin a' toirt buaidh.



Am measg nam pròiseactan a bh' ann bha...

Pròiseact ann an Comhghall gus Comhairle mu Airgead a thoirt seachad ga ruith tro Shlighe Teaghlaich Earra-Ghàidheal is Bhòid

Neach a chleachd a bhith ann an cùram a' faighinn cothrom gus comhairle a thoirt do chàch

Prìomh Chomharran Soirbheachaidh

- Tha plana-pàiste ann airson 100% de chloinn air a bheil droch-dhìol san dachaigh a' toirt buaidh
- Lùghdachadh de 45% ann an eucoir òigridh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd
- Ghabh 99% de na sgoiltean-àraich pàirt sa Phrìomh Phrògram, Fiamh-ghàire na Cloinne
- A' Chomataidh Dìon Chloinne a' toirt stiùir làidir do chùisean feuch gun tig piseach air cùisean air feadh nam buidhnean com-pàirteach agus iad uile a' cur dìon chloinne an sàs
- Chaidh Bun-sgoil Chille Chreagain aithneachadh aig ìre nàiseanta mar sàr eisimpleir den obair as urrainnear a dhèanamh ann a bhith a' toirt seachad Trèanadh do luchd-obrach airson Cothrom a thoirt do Dhaoine Ciorramach Pàirt a Ghabhail ann an Eòlas Corporra (PE)
- Thug Bòrd nam Pàrantan Corporra taic do sheirbheis nas fheàrr airson clann a tha an cùram. Chaidh gach taigh cloinne a mheasadh aig ìre fìor mhath thairis air gach ìre le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim
- Chaidh am pròiseact dearbhaidh, Slighe Teaghlaich, a tha toirt taic do chloinn bhon àm a rugadh iad agus nas fhaide air adhart nam beatha, a leudachadh gu bhith gabhail a-steach Dùn Omhain



Pròiseact ann an Comhghall gus Comhairle mu Airgead a thoirt seachad ga ruith tro Shlighe Teaghlaich Earra-Ghàidheal is Bhòid

Mar phàirt de na leasachaidhean againn an lùib Slighe Teaghlaich Earra-Ghàidheal is Bhòid, tha na sgiobaidhean bhon Aonad ro5 aig Clyde Cottage agus an Sgoil-àraich Shaor-thoileach aig Clyde Cottage air obair còmhla ri Biùro Comhairleachaidh a' Phobail airson Earra-Ghàidheal is Bhòid (BCPEB) gus comhairle mu airgead a thoirt do phàrantan le teaghlaichean òga ann an sgìre Chomhghaill. Tro mhodhan-obrach gus piseach a thoirt air cùisean, tha an com-pàirteachas air comharrachadh mar as fheàrr as urrainn dhaibh taic a chumail ri pàrantan tro bhith togail càirdeas leotha agus earbsa is spèis do chàch a chèile mar phàirt den chàirdeas sin. Bha am pròiseact a' dol airson 6 mìosan, agus 49 teaghlaichean a' faighinn taic. A thuilleadh air a' chomhairle mu chòraichean agus an taic dhaibh le bhith dèiligeadh ri fiachan, fhuair na teaghlaichean ann an sgìre Chomhghaill buannachdan ionmhasail bhon phròiseact luach £79,783 mus do chrìochnaich am pròiseact. Bheir sin buaidh mhòr air beatha na cloinne agus nan teaghlaichean ann an sgìre Chomhghaill, agus mar thoradh air thèid neo-ionannachd a lùghdachadh agus thèid aig pàrantan air a bhith ag amas air cinn-uidhe nas fheàrr airson an cuid chloinne gus dèanamh cinnteach gum faigh iad na cothroman as fheàrr as urrainn dhaibh tràth nam beatha.


Neach a chleachd a bhith ann an cùram a' faighinn cothrom gus comhairle a thoirt do chàch

Ann an 2006, chaidh Seumas a chur fo chùram an Ùghdarrais Ionadail (ÙI) aig aois ceithir-deug seach nach b' urrainn dha a mhàthair coimhead às a dhèidh mar bu chòir tuilleadh ri linn mar a bha i an eisimeil na dibhe. Thairis air ùine, rinn Seumas càirdeas ionchaidh le tidsear agus an duine aice agus chaidh am measadh airson a bhith nan Luchd-àraich thar Ùine Fhada do Sheumas agus chaidh gabhail riutha. Dh'fhàg Seumas cùram an Ùghdarrais Ionadail ann an 2008 agus tha e air a bhith còmhla ri a luchd-àraich bhon uair sin. Ann an 2008, b' e aon de na h-amasan a bh' aige, tilleadh chun na Dachaigh Cùraim aig an ÙI mar neach-obrach agus innse don òigridh eile mun àm aige fhèin san dachaigh.

Bidh luchd-obrach bhon Dachaigh Cùraim fhathast a' bruidhinn ri Seumas agus chunnaic iad gun robh cothrom do Sheumas a dhol an sàs sa "Phròiseact airson Neach-sgrùdaidh Òg". Shoirbhich le Seumas leis an iarrtas agus leis an trèanadh aige agus 's esan a' chiad Neach-sgrùdaidh Òg ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus e ag obair gu saor-thoileach.

Thuir Seumas gu bheil e air an amas aige, gus tilleadh mar 'neach-obrach', a choileanadh agus tha e den bheachd gun tug an ùine a chuir e seachad san dachaigh eòlas is tuigse dha air co ris a tha e coltach a bhith fuireach le buidheann de dhaoine eile. Tha Seumas an dòchas gum bi an sgeulachd aigesan na bhrosnachadh do dhaoine òga eile a tha san aon seòrsa suidheachaidh agus gun seall e gun urrainn dhut soirbheachadh às bith cò às a thàinig thu, dè an cultar a th' agad no dè na comasan a th' agad. 'S e an ath cheum a dh'fhaodadh Seumas a ghabhail, a bhith na neach-taice do dhaoine òga eile ri linn an t-seòrsa luachan is bheusan pearsanta aige agus na beachdan làidir a th' aige mu bhith toirt taic do dhaoine òga.

Tha mar a chaidh do Sheumas a' sealltainn gu bheil am modh-obrach aig a' Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd far a bheil iad nam Pàrantan Corporra a' toirt chothroman matha do dhaoine a tha fàgail sheirbheisean cùraim.



Am measg nam pròiseactan a bh' ann bha...

Freumhan Farsaing Earra-Ghàidheal

A' lùghdachadh uiread dhaoine a tha faireachdainn aonaranach is gu bheil iad air leth bho chàch aig àm na Nollaig



Prìomh Chomharran Soirbheachaidh

- 553 daoine a' faighinn taghadh leasaichte de thaic tro chùram-tele, àrdachadh bho an-uiridh
- 283 cothroman air spòrs airson sgoiltean taobh a-muigh a' churraicealaim, àrdachadh bho an-uiridh
- Com-pàirteachas Slàinte is Cùram Sòisealta air a stèidheachadh agus iad ag obair còmhla
- Chaidh Taic Aithghearr a thaobh na Dibhe-làidir a thoirt seachad 2002 tursan air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Chaidh tabhartasan luach £111,000 a thoirt do 120 pròiseact aig buidhnean coimhearsnachd tro thabhartasan an Lìonra airson Slàinte is Sunnd Dhaoine
- 2000 "Goireas Slàinte" ri fhaotainn air an làrach-lìn Living It Up
- Pròiseactan a dh'aona-ghnothach a bha ag amas air cuideam fallain agus gnìomhachd chorporra do chloinn
- A' toirt a-steach a' phrògram "Freumhan Farsaing" air feadh choilltean coimhearsnachd ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, prògram a tha ag amas air daoine le trioblaidean le slàinte-inntinn



Freumhan Farsaing Earra-Ghàidheal

'S e a th' ann am Freumhan Farsaing Earra-Ghàidheal, prògram com-pàirteach eadar Urras Costa is Sgìrean Dùthchail Earra-Ghàidheal is nan Eilean, Coimisean na Coilltearachd Alba, SNS na Gàidhealtachd agus Comann nan Coilltean Coimhearsnachd. Am measg nam buidhnean ionadail is nam buidhnean bhon treas roinn a tha cuideachd an sàs ann a bhith libhrigeadh a' phròiseict tha buidhnean coille coimhearsnachd agus buidhnean-còmhhdail ionadail, ACUMEN, clubaichean-dàimhe agus Sgioba Earra-Ghàidheal is Bhòid airson Daoine a tha an Eisimeil Stuthan.



Tha am pròiseact a' toirt cothrom air prògraman a mhaireas 12 seachdain far a bheil inbhich a' dol an sàs ann an gnìomhan air a' bhlàr a-muigh agus sa choille, agus na h-inbhich sin air an cur air adhart airson a' phrògram le Sgiobaidhean Slàinte-inntinn Coimhearsnachd bho gach sgìre ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Fhuair 16 Stiùirichean ùra airson Freumhan Farsaing trèanadh gus am pròiseact a libhrigeadh, agus chaidh dà phrògram a chur an gnìomh thuige seo: Iomairt Coille a' Bhlàir Bhuidhe ann am Meadhan Earra-Ghàidheal agus Coille Coimhearsnachd Cill Fhìonain ann an Comhghall. Tha treas prògram ga chur an sàs ann an Coille Coimhearsnachd Bhòid. Tha obair chom-pàirteach còmhla ri Interloch Community Transport a' cuideachadh le bhith cur nam pròiseactan an gnìomh gu soirbheachail ann an sgìre Chomhghaill is Bhòid agus iad a' toirt seirbheis siubhail do dhaoine a tha gabhail pàirt far am faigh iad cothrom air seirbheis còmhhdail bhon dachaigh aca chun an àite far a bheil am pròiseact agus air ais.

Gach latha am measg nan nithean air am bi cothrom tha: ag obair a-muigh, ag ionnsachadh sgilean airson a' bhlàir a-muigh, còcaireachd a-muigh agus biadh fallain, ag ionnsachadh mu ghhlèidhteachas is bith-iomadachd, ag obair le fiodh ann an dòigh a tha math don àrainneachd, ealain, meòrachadh agus ag obair ann an sgioba ann an dòigh shòisealta. Bithear a' dèanamh biadh airson àm-lòin air an teine; bithear ag ionnsachadh sgilean ùra agus thèid càirdeas ùr a thogail le daoine eile. Tha 16 duine air crìoch a chur air a' phrògram thuige seo - aois 21 gu 74 - agus fhuair a h-uile duine aca Duais Ùr-eòlais bho John Muir, agus duaisean airson a bhith cleachdadh innealan agus airson a bhith frithealadh air a' phrògram. Mar thoradh air na prògraman, chan eil na daoine uiread an eisimeil chungaidhean leighis no luchd-cùraim agus chan eil e cho buailteach gum feum iad a dhol don ospadal. Tha daoine air brosnachadh fhaighinn a bhith gabhail pàirt ann an tachartasan sa choimhearsnachd, leithid a bhith dèanamh obair shaor-thoileach agus a' dèanamh chùrsaichean no a' tòiseachadh air cur-seachadan ùra. Tha a h-uile duine a ghabh pàirt ann am Freumhan Farsaing air a ràdh gun do rinn e feum dhaibh.

Tha Freumhan Farsaing Earra-Ghàidheal a' freagairt gu math air na seirbheisean coimhearsnachd a th' ann mu thràth airson slàinte-inntinn. Chunnacas adhartas mòr anns na daoine, gu h-àraidh a thaobh sgilean obrach, sgilean sòisealta agus mar a tha am beatha air stèidh nas seasmhaiche agus tha sin a' ciallachadh gu bheil iad a' ruighinn ìre nas luaithe far nach eil iad feumach air seirbheis slàinte-inntinn tuilleadh.

Tha Urras Costa is Sgìrean Dùthchail Earra-Ghàidheal is nan Eilean a' toirt taing do na buidhnean-maoineachaidh a th' aca an-dràsta - A' Mhaoin agus Fèin-stiùireadh a Leasachadh (A' Cho-bhanntachd), Maoin Cùram Aonaichte airson Bhòid is Chomhghaill, Maoin na Treas Roinne, Coimisean na Coilltearachd Alba agus Maoin Bhòid airson Slàinte is Sunnd Dhaoine.

Tha mar a nithear cinnteach gu bheil daoine sna coimhearsnachdan againn fallain nan inntinn mar aon de na prìomh amasan airson ar planaichean-coileanaidh, a thuilleadh air a bhith a' leasachadh sgilean cudromach.

A' lùghdachadh uiread dhaoine a tha faireachdainn aonaranach is gu bheil iad air leth bho chàch aig àm na Nollaig

Tha aonaranachd na cunnart mòr do shlàinte dhaoine agus faodaidh e easlaintean leithid dementia, tinneas cridhe agus trom-inntinn a dhèanamh nas miosa. Tha an Com-pàirteachas airson Slàinte is Sunnd Dhaoine air aire dhaoine a tharraing chun na trioblaid seo san dà bhliadhna a dh'fhalbh às dèidh tachartas ionnsachaidh a chaidh a chumail san Dùbhlachd 2014 far an robh 50 neach an làthair.



Faodaidh daoine a bhith aonaranach aig aois sam bith, agus tha barrachd cunnairt ann gum bi daoine a' faireachdainn aonaranach aig amannan nuair a tha cùisean ag atharrachadh nam beatha, leithid a' fàgail na dachaigh, a' gluasad gu obair ùr, a' leigeil dhìot d' obair no nuair a tha cuideigin faisg ort a' bàsachadh. Tha àireamh nas motha de dhaoine nas sine ann an Earra-Ghàidheal is Bòd na cuid a sgìrean eile agus faodaidh daoine a bhith faireachdainn aonaranach no air leth bho chàch ri linn cho iomallach 's a tha an t-àite far a bheil iad no seach gu bheil iad a' fuireach ann an sgìre dhùthchail. 'S e ceist a bhuineas ris a' choimhearsnachd a th' ann an aonaranachd agus mar a ghabhas a lùghdachadh, chan e dìreach ceist a bhuineas ri cùram slàinte is sòisealta, agus tha buidhnean saor-thoileach agus bhon treas roinn mu thràth a' toirt tòrr taice shòisealta do dhaoine a tha air falbh bho dhaoine eile. Faodaidh an Nollaig a bhith na àm glè dhuilich do dhaoine a tha leotha fhèin.

Chuir Eadar-bhuidheann na Treas Roinne (TSI) airson Meadhan Earra-Ghàidheal romhpa oidhirp a dhèanamh gus dèiligeadh ri aonaranachd aig àm na Nollaig agus chuir iad lòn air dòigh air Latha na Nollaig ann an Eaglais Pharaiste Cheann Loch Gilb. Rinn buidheann bheag de luchd-obrach saor-thoileach cinnteach gun robh latha sònraichte aig còrr is 40 neach air Latha na Nollaig, daoine a dh'fhaodadh a bhith leotha fhèin mura b' e na rinn an luchd-obrach sin gu saor-thoileach.

Fhuair an cruinneachadh sin cuideachadh am-bliadhna bhon Mhàoin airson Cùram Aonaichte a fhuair taic bho Lìonra Meadhan Earra-Ghàidheal airson Slàinte is Sunnd Dhaoine, gnothachasan ionadail agus daoine fa leth a thug seachad tiodhlacan is biadh, agus tabhartasan airgid air leth fialaidh. Cuideachd, fhuair an cruinneachadh taic bho TSI Earra-Ghàidheal is buill bho Heads Up.



Cuideachd am-bliadhna chaidh luchd-obrach saor-thoileach a chèilidh air daoine nach b' urrainn tighinn chun na h-eaglaise, agus thug iad biadh thuca.

Am measg nam pròiseactan a bh' ann bha...

Cobhar do dhaoine ann an àrd-sgoiltean air a bheil mì-chleachdadh deoch-làidir is dhrogaichean a' toirt buaidh

A' choimhearsnachd agus luchd-compàirt a' cuideachadh gus dèiligeadh ri tuil sa Chlachan

Obair gun phàigheadh ann an Gàrraidhean Coimhearsnachd

Prìomh Chomharran Soirbheachaidh

- Thadhail Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba air 1,643 dachaighean a thaobh Sàbhailteachd bho Theintean
- Fhuair 93.4% de dhaoine a chaidh a mholadh airson taic, air sàillibh gum biodh iad a' mì-chleachdadh stuthan, cothrom air coinneamh gus taic fhaighinn taobh a-staigh 21 latha
- 618 luchd-obrach saor-thoileach san treas roinn
- 477 daoine òga a' dol an sàs ann an deasbadan a bhuin ri cùisean an latha
- 61 cothroman air an cruthachadh airson co-chonaltradh is co-obrachadh eadar na ginealaichean
- Lùghdachadh de 16% sna gearanan mu aimhreit
- Bha 100% de dhaoine a chleachd seirbheisean Ceartas na h-Eucorach a' faireachdainn gun do chuidich obair gun phàigheadh iad gus na sgilean aca a leasachadh
- Plana Eadar-amail a thaobh a' Bhile airson Ceartas Coimhearsnachd ga chur an gnìomh





Cobhar do dhaoine ann an àrd-sgoiltean air a bheil mì-chleachdadh deoch-làidir is dhrogaichean a' toirt buaidh

Thar na bliadhna a dh'fhalbh, b' urrainn do Roinn an Fhoghlaim, ri linn maoinachadh bho Chom-pàirteachas na Dìbhe-làidir agus Dhrogaichean, com-pàirteachasan a thogail le buidhnean bhon treas roinn sna 10 àrd-sgoiltean againn gus foghlam a thoirt seachad mu chùisean co-cheangailte ri deoch-làidir is drogaichean agus gus taic 1:1 a thoirt do dhaoine air a bheil mì-chleachdadh deoch-làidir is dhrogaichean a' toirt buaidh. Tha feadhainn de na com-pàirteachasan sin air tighinn air adhart gu math sa chiad bhliadhna le taic 1:1 uabhasach math ga toirt seachad ann am Baile Bhòid is san Òban, agus chaidh obair-taice Foghlaim fìor mhath a thoirt seachad san Tairbeart, ann am Baile Eilidh agus ann an Ceann Loch Chille Chiarain.

Thathar ag amas air daoine òga san àrd-sgoil a tha a' mì-chleachdadh stuthan no air a bheil mì-chleachdadh stuthan le cuideigin eile a' toirt buaidh. Mura robh an neach òg a' dol don sgoil, chaidh seirbheisean taobh a-muigh na sgoile a thoirt seachad. Tha trì de na buidhnean-taice cuideachd air frithealadh air iarrtasan airson taic thairis air na làithean-saora.

Tha an obair seo a' togail air agus a' cur ris an obair a thathar a' dèanamh sna sgoiltean tro chom-pàirteachasan luachmhor còmhla ri prògraman dìbhe-làidir ionadail, tro luchd-obrach comhairleachaidh a bhith toirt seachad leasan ann an Eòlas Pearsanta, Sòisealta, Slàinte is Eaconamach agus tro thaic bho luchd-obrach slàinte.

Tha na buidhnean-taice com-pàirteach agus luchd-obrach comhairleachaidh ann an sgoiltean air a bhith ag obair gu dlùth còmhla gus taic a chumail ri daoine òga, agus iad a' gabhail ealla ri fios a thig bho bhuidhnean com-pàirteach ionadail a tha ag obair an lùib obair shòisealta agus slàinte. Gu math tric chaidh leasan agus cruinneachaidhean sgoile le fiosrachadh mu dhrogaichean a chumail do bhuidhnean buntainneach de sgoilearan le comhairle is taic bho cho-aoisean.

A' choimhearsnachd agus luchd-compàirt a' cuideachadh gus dèiligeadh ri tuil sa Chlachan

Chaidh oidhirp mhòr a dhèanamh le seirbheisean poblach, companaidhean prìobhaideach, tuathanaich agus a' choimhearsnachd gus dèiligeadh ri fìor dhroch thuil sa Chlachan ann an Cinn Tìre air Latha na Sàbaid 15 Samhain.

Bho chòig uairean sa mhadainn, chaidh an A83 a dhùnadh ri linn droch thuil a bha air a h-adhbharachadh le sprùilleach a bha stopadh feadhainn de na prìomh abhnaichean is sruthan uisge. B' e a thachair an uair sin gun deach obair is oidhirpean, a mhair 12 uair a thìde, a dhèanamh le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Poileas Alba, na Maoir-chladaich, Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, na cunnradairean MacLeòid, MacPhaidein agus MacNeachdainn agus le tuathanaich ionadail, SEPA, SSE agus companaidhean coilltearachd gus dèiligeadh ris an tuil agus gus cobhar a dhèanamh air daoine.

Am measg nan trioblaidean ris an robh aca ri dèiligeadh bha –

- chaidh soitheach mòr bho stèisean-peatrail a' Chlachain a sguabadh don abhainn agus bha cunnart ann gun deigheadh a ghiùlan sìos chun na drochaid
- bha an A83 dùinte ri linn nan tuiltean
- bha taighean ann an cunnart no bha iad air am milleadh leis an tuil mu thràth
- b' fheudar dèanamh cinnteach nach robh daoine a' fuireach ann an gin de na carabhanaichean air làrach-charabhanaichean
- bha draghan ann mu chonnadh a bhith a' sruthadh a-steach do shruthan
- bha draghan ann mu dhaoine a bha feumach air dìon



Bha a' choimhearsnachd toilichte leis a' cho-obrachadh a chaidh a dhèanamh le buidhnean com-pàirteach, a' choimhearsnachd agus cunnradairean ionadail agus ri linn a' cho-obrachaidh sin cha tug e fada an rathad fhosgladh a-rithist. B' e an rud a bu chudromaiche gum biodh a h-uile duine sàbhailte agus gun robhar a' cumail fios gu cunbhalach ris a' choimhearsnachd agus ri daoine a bha feumach air dìon feuch gum biodh fios aca air dè bha tachairt fhad 's a bha suidheachadh èiginneach ann.

Obair gun phàigheadh ann an Gàrraidhean Coimhearsnachd



Sna 12 mìos a dh'fhalbh tha an Sgeama airson Ceartas na h-Eucorach a bheir Buannachdan don Choimhearsnachd tro Obair gun Phàigheadh air cumail air a' cuideachadh le bhith toirt gàrraidhean coimhearsnachd gu buil; agus chan eil iad dìreach nan àiteachan far am faighear fois is sìth, oir cuideachd tha iad air a dhol nan sgeamaichean seasmhach a tha air an cumail a' dol le luchd-obrach saor-thoileach, agus a tha còrdadh ris a' mhòr-shluagh agus bhios a' toirt toradh nan gàrraidhean agus buannachdan don choimhearsnachd.

Airson grunn bhliadhnaichean, tha sinn air a bhith an sàs ann am pròiseactan gàirnealaireachd air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid. Agus sa bhliadhna a dh'fhalbh chaidh sinn an sàs ann an "Toraidhean Bhòid".

Chan e a-mhàin gu bheil Toraidhean Bhòid ag amas air biadh ionadail aig prìs reusanta a thabhan do mhuintir an eilein, ach cuideachd tha iad an dòchas na sgaoilidhean carboin ionadail a lùghdachadh. Bidh na mìltean a thèid biadh a ghiùlan ag adhbharachadh mu 3.5% de Ghàsan 'Greenhouse' an t-saoghail, agus mar sin le bhith lùghdachadh an astair a dh'fheumar biadh a ghiùlan, tha Toraidhean Bhòid a' cuideachadh le bhith cur ri èifeachdas cumhachd an eilein.

Chaidh tòrr leasachaidhean a dhèanamh sa ghàrradh, nam measg a' togail a' chiad chroinn-ghaoithe a fhuair aonta ann an Eilean Bhòid.

Chaidh grunn dhaoine a chur gu Toraidhean Bhòid airson grèis-obrach shoirbheachail agus thuir iad uile gun d' fhuair iad buannachdan às agus gun do dh'ionnsaich iad sgilean feumail:

- eòlas air mar a chuireas iad sìol airson glasraich is measan agus air mar a bheir iad fàs orra
- ag obair mar phàirt de sgioba
- sgilean ùra mar a' leughadh aithrisean sìde bho Oifis na Sìde agus ag ionnsachadh mu bhith cuairteachadh bàrr bho bhliadhna gu bliadhna
- a' cumail innealan is bathar-cruaidh ann an deagh staid

Tha fios againn gu bheil nas lugha eucoir a' ciallachadh gum bi ar coimhearsnachdan nas sàbhailte agus nas làidire. 'S e aon dòigh chudromach, a tha air a dhearbhadh, gus stad a chur air eucoraich bho bhith ri eucoir a-rithist, barrachd chothroman a thoirt dhaibh nam beatha le bhith toirt cothrom dhaibh a bhith nam pàirt den choimhearsnachd a-rithist agus le bhith leasachadh nan sgilean aca agus a' toirt chothroman cosnaidh is trànaidh dhaibh.

Tha na pròiseactan seo a' toirt bhuannachdan do na diofar phàirtean den choimhearsnachd, a' gabhail a-steach seann daoine, daoine le duilgheadasan ionnsachaidh is corporra, daoine òga agus eucoraich a tha air an ath-ghnàthachadh. Le Gàrraidhean Coimhearsnachd, tha cothrom aig teaghlaichean agus daoine fa leth, aig nach eil gàrradh, rudan a chur agus glasraich ùra a bhuaibh a dh'fhaodadh diofar a dhèanamh don t-slàinte aca agus do cho fallain 's a tha iad.

An-uiridh, chaidh 15,452 uairean a thìde de dh'obair gun phàigheadh a dhèanamh le daoine a bhris an lagh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, agus bhiodh sin air £98,893 a chosg nam biodh an luchd-obrach air am bun-thuarastal fhaighinn.

Obair Chasgaidh

Tha an Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd air a chur roimhe dèiligeadh ri cùisean is duilgheadasan aig ìre thràth agus casg a chur orra mus èirich iad sa chiad dol a-mach. 'S e a th' ann an cosgais chasgaidh, "Gnìomhan a chuireas casg air trioblaidean bho bhith ag èirigh agus a nì cinnteach nach bi uiread iarrtais ann airson seirbheisean san àm ri teachd tro bhith dèiligeadh ri duilgheadasan aig ìre thràth, agus ri linn sin gheibhear luach nas fheàrr às an airgead againn agus bidh toraidhean nas fheàrr rim faicinn." Feumaidh sinn an dòigh-obrach sin a chur an sàs ma thathar a' dol a dh'fhaighinn fuasgladh air na dùbhlain a tha ro sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an dòigh sheasmhach agus shoirbheachail.

Seo eisimpleir de na chaidh a choileanadh ann an 2015-2016:

- Chùm sinn oirnn a' leudachadh air an iomairt Slighe Teaghlach Earra-Ghàidheal is Bhòid.
- Chaidh stad a chur air daoine òga bho bhith air an cur ann an cùram ann an àiteachan fad air falbh bhon choimhearsnachd aca fhèin.
- Seirbheisean a dh'aona-ghnothach airson trioblaidean le deoch-làidir is drogaichean do sgoilearan àrd-sgoile air an stiùireadh le Com-pàirteachas na Dìbhe-làidir is Dhrogaichean.
- Ag obair gu h-àraidh le daoine nas òige agus sinn gan ullachadh airson obair tro chlubaidhean-obrach air an ruith le grunn bhuidhnean.
- Grunn iomairtean casgaidh san sgìre as bochda ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, Cille Mhicheil.
- Taic shònraichte do dhaoine òga a tha a' briseadh an lagh gu bitheanta.
- Dòigh-obrach chom-pàirteach gus obair còmhla ri gnothachasan a dh'fheumas dèiligeadh ri trioblaidean dùbhlanaich leithid clann-sgoile a' goid bhon bhùth aca.
- A' stèidheachadh buidheann de Luchd-smàlaidh Òga ann an Ìle gus am Prògram gus Dèiligeadh ri Daoine a bhios a' Tòiseachadh Theintean a lìbhrigeadh.
- A' toirt taic do dhaoine a rinn eucoir gus pàirt a ghabhail sa phrògram shamhraidh aig na Seirbheisean Òigridh 'GIVE' – a' cur seachad na h-ùine aca gu saor-thoileach an lùib diofar ghnìomhachdan agus mar dhuais airson sin gheibh iad turasan an-asgaidh.





Buidhnean Com-pàirteach ann an CPC Earra-Ghàidheal is Bhòid



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland



University of the
Highlands and Islands
Argyll College

Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean
Colaiste Earra-Ghàidheil



Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba
All of nature for all of Scotland
Nàdair air fad airson Alba air fad



Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

www.argyll-bute.gov.uk

Poileas Alba

www.scotland.police.uk

Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean

www.hie.co.uk

NHS na Gàidhealtachd

www.nhshighland.scot.nhs.uk

Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba

www.firescotland.gov.uk

Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

www.uhi.ac.uk

Dualchas Nàdair na h-Alba

www.snh.gov.uk

Leasachadh Sgilean na h-Alba

www.skillsdevelopmentscotland.co.uk

Iomairt na h-Alba

www.scottish-enterprise.com

TSI Earra-Ghàidheal is Bhòid

www.argyllcommunities.org



Com-pàirteachas Planaidh Earra-Ghàidheal is Bhòid

Fòn: 01546 604464
Post-d: cppadmin@argyll-bute.gov.uk

Tha an Aithisg Bhladhnaile airson an Aonta Bhuilean Singilte a' toirt sealladh air obair chom-pàirteach a rinneadh gu ruige amasan an Aonta. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu na planaichean libhrigidh airson 2015-2016, thoiribh sùil air an sgrìobhainn seo air an làrach-lìn againn. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu na bhios na diofar bhuidhnean com-pàirteach a' dèanamh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, thoiribh sùil air làraich-lìn ar buidhnean com-pàirteach.

www.argyll-bute.gov.uk/council-and-government/community-planning-partnership